

**Coinneamh:** Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan  
**Ceann-là/Àm:** 10 Gearran 2026 aig 09.30  
**Càite:** Microsoft Teams

## Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

### 1. Cùisean Tòiseachaidh

#### 1.1. Fàilte is Leisgeulan

**Buill Comataidh an Làthair:**

Seonaidh Charity (Cathraiche) [SC]

John N Dòmhnallach [JND]

Màiri NicAonghais [MTNA]

Michelle NicLeòid [MNL]

**A' Frithealadh:**

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail [ED]

Stuart Dunmore, Manaidsear Planaidh is Gnìomhan Reachdail [SD]

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]

Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan [SK]

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra [NP]

Calum Rothach, Ceannard Foghlaim agus Phlanaichean [CR]

Jamie MacGillEathainn, Co-òrdanaiche Corporra [JM]

**Geàrr-chunntas:**

Nicola NicThòmais, Lasair Ltd.

**Leisgeulan**

Bha na buill uile an làthair.

#### 1.2. A' Nochdadh Chom-pàirtean

MNL – Neach-obrach, Oilthigh Obar Dheathainn

MNL - Cathraiche - Theatre gu Leòr

SC - Comhairle na Gàidhealtachd

SC - Com-pàirt Comhairle nan Leabhraichean.

#### 1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha deach dad a thogail.

## **2. Ionmhas**

### **2.1. Aithisg Ionmhais**

Bhruidhinn NP ris an aithisg ionmhais gu deireadh na Dùbhlachd 2025. Bha sùim a' bhanca na b' àirde na bha dùil ri linn tabhartas an Fhaoillich a' tighinn tràth bhon Riaghaltas. Thathas a' sùileachadh gun tèid am buidseat a chosg mar a chaidh aontachadh.

Thog Buill ceist a thaobh cosgaisean luchd-obrach. Bha a' bheàrn a' buntainn ri puist a bha falamh agus fòrlaidhean ach tha an sgioba slàn a-rithist.

#### Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithris labhairteach ionmhais.

### **2.2 Prìomhachas Maoin Phlanaichean Gàidhlig**

Bhruidhinn SK ris a' phàipear airson an ath chuairt den mhaoin Ghàidhlig.

Chaidh £723,000 a thabhann uile gu lèir thairis air trì bliadhna dha na h-ùghdarrasan ionadail tron t-Sruth Ro-innleachdail airson Dàmhair 2024 gu Sultain 2027.

Chaidh £214,733 a thabhann ri 21 pròiseactan (16 buidhnean) tron t-Sruth Phròiseactan 2025/26 den sgeama (àrdachadh £37.5k is 3 pròiseactan a bharrachd an taca ri 2024/25). Chan eil mòran atharrachaidhean ris an sgeama mar tha e an-dràsta.

Thathas a' cur barrachd uallach air na buidhnean a bhith nas ro-innleachdail mu na planaichean aca leis gu bheil am maoin eachadh a' ruith fad trì bliadhna. Tha piseach a' tighinn às a sin mar tha.

Chaidh fhaighneachd dè na slatan-tomhais a bhiodh an lùib lèirmheas air an sgeama seo. Bhiodh ceistean bunaiteach mar “ciamar a tha an obair a' cur an gnìomh a' Phlana Nàiseanta?” agus “dè a' bhuaidh a th' aig a' mhaoin ann an cleachdadh na Gàidhlig” na lùib.

#### Co-dhùnadh

Dh'aontaich Buill ri prìomhachasan is riaghailtean cuairt 2025/26 den Mhaoin Planaichean Gàidhlig (Sruth Phròiseactan).

### 2.3 Adhartas nam Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh

Bhruidhinn IM ris an aithisg leasachaidh.

Thathar a' cumail taic ri 11 Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh ann an 2025/26. Chaidh àrdachadh de £500,000 a thoirt seachad dha na Buidhnean Lìbhrigidh ann an 2025/26 le taic-airgid a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba, is £35,310 den taic sin air a chur mu choinneimh buidseat airson phròiseactan com-pàirteachais. San fharsaingeachd tha na buidhnean a' dèanamh adhartais agus tha taic ann dhaibhsan nach eil a' dèanamh adhartais san aon dòigh. Tha na buidhnean ag obair gu math le chèile agus leis a' Bhòrd.

Chaidh ceist a chur mu shùbailteachd a thaobh nan targaidean a tha a' ruith fad trì-còig bliadhna. Gach bliadhna thèid lèirmheas a dhèanamh orra 's mar sin tha am Bòrd deònach a bhith ag obair còmhla ri na buidhnean ma thèid na prìomhachasan aca atharrachadh.

Chaidh ceist a chur mu choinneimh buaidh na h-obrach. Tha am Bòrd airson barrachd dhòighean a lorg gus beachdan agus buaidh na h-obrach a thomhas, seach suirbhidhean a tha air fàs pailt. Tha oifigearan cuideachd a' dol a-mach dhan choimhearsnachd barrachd, a dh'fhaicinn na buidhnean agus an obair mhath a tha a' dol.

Chaidh ceist a chur mu choinneimh a bhith a' roinn na h-uallach am measg nam buidhnean maoineachaidh eile airson leasachadh na Gàidhlig. Thàinig iartasan a bharrachd dhan Bhòrd nuair a chaidh maoineachadh a tharraing le buidhnean maoineachaidh eile agus chaidh aontachadh le Buill nach eil Bòrd na Gàidhlig dol a lìonadh na beàrnan a bhios ag èirigh ri linn gearraidhean bhuidhnean eile. Tha prìomhachasan a' Bhùird gu math soilleir agus bidh barrachd maoineachaidh a dhìth fhathast. Tha na buidhnean fhèin gu math dòchasach gun tig barrachd taic tron Achd.

Ged a tha e na dhùbhlán a bhith a' tomhas buaidh, tha na buidhnean fhèin a' fàs nas fheàrr air sgeulachd innse air na tha a' tachairt. Tha am Bòrd fhèin gus a bhith a' dèanamh barrachd oidhirp an sgeulachd innse cuideachd.

Tha duilgheadasan nas fharsaingeach ann a thaobh cinn daoine gu h-àraid anns na sgìrean iomallach a chuireas bacadh air leasachadh na Gàidhlig ged a bhiodh maoin ann, oir cha tèid aig na buidhnean air luchd-obrach a thrusadh. Tha na h-Oifigearan a' togail a leithid a dhraghan aig a h-uile cothrom.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Aithisg mu Adhartas nam Buidhnean Com-pàirt Lìbhrigidh.

### **3. Planaichean Gàidhlig**

#### **3.1 Plana Gàidhlig – Comhairle Dhùn Breatann an Ear**

Bhruidhinn CR ris a' Phlana.

Thug buill fainear an treas eagan de Phlana Gàidhlig Comhairle Dhùn Breatann an Ear. Bha duilgheadasan air a bhith ann leis gun deach am Plana fhoillseachadh gu neo-ùghdarrasail leis a' Chomhairle, agus dh'aidich Oifigearan gun robh mearachdan air an dà thaobh.

Chaidh ceist a thogail a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig nach eil geallaidhean sam bith na lùib a thaobh L2 ged a tha L3 ainmichte. Cuideachd, bhatas den bheachd gun robh cuid de na targaidean sgoile lom agus gun taic ainmichte sa Phlana fhèin.

Thog Buill gu bheil barrachd a dh'ith sa Phlana agus gu bheil cuid de na cinn-là seachad mu thràth.

Chaidh ceist a chur mu na bha a' dol san sgìre fhèin a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus bha Oifigearan den bheachd gu bheil tòrr a' dol ann an cuid de sgìrean na Comhairle.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill gun robh am Plana ro lag mar a tha e agus gum bu chòir an dreachd a neartachadh le targaidean nas soilleire, beagan sgioblachaidh, cinn-là ùrachadh agus

iomradh air suidheachadh L2 agus L3 a mhìneachadh agus gun tilleadh am Plana, mar phrìomhachas agus le taic bho na h-Oifigearan, airson aonta aig a' char as tràithe. Dh'aontaich Buill am Plana a dhiùltadh.

### **3.2 Plana Gàidhlig - Comhairle Lodainn an Ear**

Bhruidhinn CR ris a' phlana.

Thug buill fainear an dàrna eagra de Phlana Gàidhlig Comhairle Lodainn an Ear.

Bha Buill toilichte leis a' Phlana ged a dh'èirich puingean nas fharsainge leithid AI bhon chòmhradh, a rachadh a dheasbad aig coinneamh san àm ri teachd.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ri Plana Gàidhlig Comhairle Lodainn an Ear.

### **3.3 Plana Gàidhlig - Comhairle na h-Eaglaise Brice**

Bhruidhinn CR ris a' phlana.

Thug buill fainear an treas eagra de Phlana Gàidhlig Comhairle na h-Eaglaise Brice. Chaidh teagamhan a thogail mun bhriathrachas san amas a thaobh seirbheis eadar-theangachaidh dìreach dhaibhsan aig nach eil Beurla. Chaidh aontachadh seo a dhearbhadh aig ìrean dearcnachaidh. Chaidh “lèirmheas bhliadhnail” mu choinneimh cha mhòr a h-uile puing agus bha Buill den bheachd gum biodh sin freagarrach, fad 's a thachradh e.

Dh'aontaich Oifigearan iarraidh air a' bhuidhinn an earrann “Provision is in place for interpretation and translation services for non-English speaking clients on request.” atharrachadh.

Bha Buill toilichte leis a' Phlana agus ag aithneachadh gu bheil gu leòr a' tachairt a thaobh leasachadh na Gàidhlig.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ri Plana Gàidhlig Comhairle na h-Eaglaise Brice, leis a' chumha an earran mu eadartheangachadh a shoilleireachadh.

#### 4. Riaghladh

##### 4.1 Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Bhruidhinn an Ceannard ri na pàipearan

Cha do nochd aithisg suirbhidh luchd-obrach ri linn tinneas, ach tillidh sin aig an ath choinneimh.

##### Co-dhùnadh

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Obrach airson 2025/26 agus 2026/27.

#### 5. GISBE

Cha do dh'èirich dad.

-----

Thug an Cathraiche taing do na Buill agus do na h-Oifigearan airson an fhiosrachaidh mhionaidich ullachadh.

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 11.05m.

Ceann-là na h-ath choinneimh: 05/05/2026

**Dùnadh na seisean**